

## Fonaigs airson leughadh agus sgrìobhadh

### Amasan:

- Cur an cèill nam prìomh phrionnsapal cànan agus teagaisg a tha air chùl a' phrògram ùir 'Lorgan Litreachaidh'
- Sealltainn agus mineachadh diofar eileamaidean a' phrògram
- Cothrom do luchd-teagaisg dòighean-obrach 'Lorgan Litreachaidh' fheuchainn dhaibh fhèin ann am buidhnean beaga
- Cothrom do luchd-teagaisg cluinntinn mu na tha san amharc airson an dara ceum de 'Lorgan Litreachaidh' agus am beachdan a thoirt seachad
- Cothrom do luchd-teagaisg ceistean a chur air luchd-lìbhrigidh mu fonaigs san fharsaingeachd

### Luchd-lìbhrigidh:

Dòmhnall Iain MacLeòid, Johan Byrne

### Aithisg:

Mhìnich Dòmhnall Iain MacLeòid na prionnsapal air chùl Facal agus Fuaim agus Lorgan Litreachaidh, a tha le chèile stèidhichte air an aithisg bho Ionad Chalum Chille Ìle air fonaigs na Gàidhlig. Mhìnich e gu bheil Lorgan Litreachaidh stèidhichte air a bhith a' teagasg pertain agus riaghailtean litreachaidh do chloinn, ged a tha seo ga leudachadh a-mach le grunnan fhaclan neo-riaghailteach a ghabhas ionnsachadh do sgoilearan air diofar irean. Tha Lorgan Litreachaidh a' togail air na sgilean a dh'ionnsaicheas sgoilearan ann am Facal agus Fuaim. Chan eil seo fìor a thaobh sgèamaichean eile a tha stèidhichte air faclan cumanta agus mar sin air adhart.

Mhìnich Dòmhnall Iain na 'Lorgan' – na seataichean de dh'fhaclan a ghabhas cleachdadh airson riaghailtean sònraichte a dhaighneachadh. Chuir e an cuimhne nan tidsearan nach eilear a' sùileachdainn idir gun cleachd a h-uile tidsear a h-uile facal san sgèama ann a bhith a' teagasg litreachadh ach tha gu leòr ann do sgoilearan comasach.

Mhìnich Johan Byrne na geamaichean anns an sgèama.

Thugadh cothrom do luchd compàirt na stuthan fheuchainn agus tilleadh don bhuidhinn mhòir le beachdan agus molaidhean. Tha roghainn dhiubh seo a' leantainn:

#### Molaidhean Airson Ìre a h-Aon

- Duilleagan nan Lorgan a chur air Gàidhlig-air-loidhne airson 's gun gabh an clo-bhualadh no faclan a chleachdadh ann am prògraman eile airson siotaichean a dhèanamh
- Duilleagan le dealbhan de na faclan san sgèama a chur air Gàidhlig air-loidhne

#### Molaidhean Airson Ìre Dhà

- Leabhar no eile mu roimhearan pearsanta
- Cùrsa gràmair airson bun-sgoiltean
- Geamaichean – Scrabble/hangman/ Pictionary a' cleachdadh concept keyboard
- Mad libs Gàidhlig
- Spelling tennis
- Geamaichean a-muigh



### Stuthan:

Lorgan Litreachaidh (ri fhaighinn bho Stòrlann)